

**Comataidh Inbhean MG ALBA**

Oifis MG ALBA, Steòrnabhagh

Diardaoin 22 Màrt 2018, 1000-1300

Dreach geàrr-chunntas

**Buill:** Jo NicDhòmhnaill (*sa Chathair*)                      Magaidh Choineagan  
                Catriona Nic a’ Phì                                          Calum MacFhearghais

**Luchd-obrach:** Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)  
                                Màiri Anna NicAonghais (*a’ sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*)  
                                Seumas Mac an t-Sagairt agus Mairi Nic a’ Ghobhainn (*Mactv*) – airson puing 5  
                                Eilidh Lewsey (*Riochdaire LearnGaelic*) – airson puing 10

**1. Leisgeulan**

Buill: Iain Stephen Moireasdan; Oifigearan: Dòmhnall Caimbeul.

**2. Gnothach Dearbhte**

Dh’innis Calum MacFhearghais gu robh e ag obair air bhidiothan goirid airson LearnGaelic agus airson BBC Spòrs.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 23/1/18**

Aontaichte.

**4. Gnothaichean ag èirigh**

*Plana nàiseanta* – chaidh a chomharrachadh gu robh dùil ris sa Chèitean.

*Clann agus òigridh* – chaidh innse gu bheil cùisean a’ dol gu math a thaobh gluasad gu bhith a’ craoladh phrògraman chloinne air BBC ALBA bho shuaicheantais CBeebies agus CBBC Gàidhlig, le dùil ri foillseachadh san t-Sultain 2018. Chaidh fàilte a chuir air an naidheachd seo agus thèid fios a chumail ris a’ Chomataidh. (Gnìomh: MM)

*Rannsachadh TRP* – tha TRP air molaidhean a chuir gu ruige na buidhne a thaobh ceist mu chleachdaidhean chloinne a thaobh cànan, cultar agus uairean craolaidh. Thèid beachdachadh air a bheil dha-riribh feum air ceist às ùr a chur no a bheil rannsachadh aig a’ BhBC bhon faigheadh sinn fiosrachadh. Thèid fios a chumail ris a’ Chomataidh. (Gnìomh: IMT)

*PhD mu phrògraman chloinne* – chaidh a chomharraidh gu robh dùil ris sa Chèitean 2018.

*Pròiseactan co-mhaoinichte* –chualas gum biodh sanas-naidheachd air a sgaoileadh gus an sgeulachd seo innse.

## 5. **Prògraman Aithriseach**

Chaidh fàilte a chuir air riochdairean Mactv chun choinneimh. Chunnacas taisbeanadh a’ mìneachadh mar a tha an companaidh a’ dèiligeadh ris a’ phasgan - dè tha math mu dheidhinn agus dè na dùbhlain a tha na lùib; prògraman a th’ anns a’ bheairt; mar a bha a’ dol leatha le a bhith a’ reic nam prògraman gu h-eadar-nàiseanta; agus am poileasaidh Gàidhlig ann am prògraman. B’ iad na prìomh phuingeas deasbaid:

- an cuideam a tha a’ tuiteam orra le co-riochdachaidhean bho thaobh gnothaich gnìomhachais agus cùisean laghail. Chaidh innse mun taic a thathar a’ cur air dòigh gus cuideachadh le seo;
- an dùbhlain a thaobh a bhith a’ faighinn daoine le Gàidhlig a thèid air beulaibh camara le misneachd agus mar a dh’fhaodar an leithid a chuideachadh gu bhith nas misneachail.. Bha còmhraidh ann mu dhòighean air sgilean craolaidh dhaoine a leasachadh air rèidio far am faigheadh iad an tuilleadh misneachd is eòlas m.e. BBC Spòrs a’ dèanamh tòrr le Facebook live;
- cothroman an tuilleadh co-obrachaidh a dhèanamh eadar Mactv agus Radio nan Gàidheal;
- cothroman an luib *attachments* eadar chompanaidhean

Chaidh taing a thoirt dha Seumas Mac an t-Sagairt agus Màiri Nic a’ Ghobhainn airson an taisbeanadh, airson a bhith cho adhartach agus misneachail agus airson an obair mhath bha mactv a’ dèanamh dha BBC ALBA. Chaidh iarraidh orra taing MG ALBA a thoirt chun luchd-obrach air fad.

## 6. **Lèirsinn 2021**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air adhartas mu choinneimh gach amas ro-innleachdail ann an Lèirsinn 2021 agus chaidh còmhradh a chumail, le iomradh ga thoirt air na h-iomairtean a bha an sgioba a' cleachdadh gus na h-amasan a choileanadh. B' iad seo na prìomh phuingeann deasbaid:

- Amas 1 - seirbheis coileanta airson luchd na Gàidhlig – chaidh a chomharrachadh gur e seo an t-amas as dùbhланаiche, le trioblaid aig gach seanail le daoine fo aois 45 a tharraing agus a chumail. Chaidh innse gu bheil an Aonad Dhidseatach a' dealbhadh Instagram agus Youtube. Chaidh fàilte a chuir air an seo agus bidh taisbeanadh mu dheidhinn aig an ath choinneamh. (Gnìomh: IMT)
- Amas 2 – buaidh nàiseanta – chaidh a chomharrachadh gur e briseadh dùil a bh' ann don bhuidheann gun deach còraichean rugby Pro14 a chall. Tha obair ga dhèanamh air ro-innleachd spòrs, a' coimhead ri dorsan eile fhosgladh ann an saoghal spòrs. Thèid fios a chumail ris a' Chomataidh (Gnìomh: IMT)

Bha buill riarachta le obair nan oifigearan ann a bhith a' coileanadh amasan an Lèirsinn.

## **7. Na h-Ealain is Dibhearsain**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an obair a bha a' leantainn sna gnèithean seo, le iomradh ga thoirt air prìomh iomairtean/phrògraman na seanail dha luchd-cleachdaidh na seirbheis aig a bheil Gàidhlig agus cuideachd mar dhoras dhaibhsan aig nach eil Gàidhlig. Bha buill riarachta.

## **8. Gàidhlig ann am prògraman**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Bhon t-Samhain 2017 tha TRP air a bhith a' cur ceist mun ìre Gàidhlig ann am prògraman agus bha fianais a' chiad cheithir mìosan air beulaibh bhall.

Bha ceist mu choinneamh bhall a thaobh an robh an tuilleadh rannsachaidh a dh'fheumadh air a' chuspair seo. An dèidh deasbaid, chaidh aontachadh nach robh adhbhar ann airgead a chosg air an seo aig an àm seo agus ceist TRP a chumail aig an ìre seo gun a dhol ann am barrachd doimhneachd.

## **9. Poileasaidh Gàidhlig MG ALBA**

Bha pàipear air beulaibh bhall le a) Poileasaidh Gàidhlig na buidhne agus b) Plana-gnìomh gus spionnadh a chuir ann an luchd-ionnsachaidh agus fileantaich an cuid Gàidhlig a leasachadh agus a chleachdadh.

Chaidh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne aontachadh agus chaidh fàilte a chuir air a' Phlana-gnìomh. Thèid coimhead air dòighean air Gàidhlig a neartachadh air feadh an togalaich le co-obrachadh le luchd-obrach bhuidhnean eile agus thèid coimhead ri co-obrachadh ri nàbaidhean anns An Tosgan air an aon adhbhar.

## 10. LearnGaelic

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an obair a bha a' dol gus an làrach a leasachadh agus rinn riochdaire na làraich taisbeanadh. B' iad na prìomh phuingean deasbaid:

- gu robh rannsachadh a' dol an ceartuair a thaobh nam puingeon co-cheangailte ri gràmar as dùbhланаich do luchd-ionnsachaidh. Bha MG ALBA a' cur taic-airgid ri seo agus bu chòir aire a thoirt do thoraidhean an rannsachaidh seo;
- gu robh deagh obair a' dol gus na goireasan air fad a thoirt còmhla agus gu feumar coimhead air ciamar a thathar a' cleachdadh nan goireasan chun na h-ìre as fhèarr;
- gu bheilear a' dèanamh an obair leasachaidh seo mar cho-bhanntachd an toiseachd, le dùil an uair sin a dhol a-mach gu daoine/buidhnean eile.

Chaidh taing a thoirt do Eilidh Lewsey airson deagh shealladh air lèirsinn agus amasan na làraich. Chaidh aontachadh gun tigeadh fiosrachadh às ùr ar beulaibh a' Chomataidh aig an ath choinneamh. (Gnìomh: DC)

## 11. Iolaire

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh mar a bha BBC ALBA agus Radio nan Gàidheal gu bhith a' comharrachadh ceud bliadhna bho chall an Iolaire. B' iad na prìomh phuingean:

- gun tèid buidheann-obrach a chruthachadh le riochdairean bho Radio nan Gàidheal, Naidheachdan agus BBC ALBA gus na seirbhisean a chleachdadh anns an dòigh as èifeachdaich;

- gu robhas ann an còmhraidhean le Comhairle nan Eilean a thaobh tachartasan coimhearsnachd agus gu robhas a’ moladh gur e BBC Radio nan Gàidheal am meadhan as fhèarr airson dèiligeadh ri na tachartasan seo
- gun tèid BBC ALBA air adhart le prògraman Cèilidh na Bliadhn’ Ùire air oidhche Challainn.

Mhol a’ Chomataidh na planaichean gus ceann-là call na h-Iolaire a chomharrachadh ann an dòighean a bhiodh drùidhteach agus iomchaidh.

**12. Prògram Obrach 2018/19**

Bha dreachd Phlana Obrach air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh gun deigheadh Spòrs agus Ceòl a chuir ris na gnèithean air an deigheadh leirmheas a dhèanamh. An dèidh seo, dheigheadh an dreach a mholadh chun bhùird. (Gnìomh: MAMI)

**13. Aithisgean Dèanadais Q3 2017/18**

- Pasgan BBC ALBA – chaidh aontachadh gu bheil seo airidh air barrachd aire a thoirt dha
- Pasgan Air-loidhne – 1) chaidh buaidh an Aonad Dhidseataich a chomharrachadh; 2) thèid an tuilleadh fiosrachaidh air trends [bbc.co.uk/alba](http://bbc.co.uk/alba) a mhineachadh.

**14. GISBE**

Thèid aithisg Olsberg fhoillseachadh aig tachartasan a’ comharrachadh BBC ALBA @ 10.

Chaidh ceist a thogail a thaobh an robhas a’ dèiligeadh ri cuspairean doirbh agus dùbhlach ann an coimhearsnachdan ann an dòighean a cheadaicheadh deasbad phoblach.

**15. Deit na h-ath choinneimh – 8/5/18, Steòrnabhagh**

*Ainm sgrìobhte a’ Chathraiche:*

*Deit:*